



CUIREADH GU TAIRGSE

Seirbheisean Eadar-theangachaidh Gàidhlig MG ALBA

18 Gearran 2025

1. Tha MG ALBA a' toirt cuireadh dhuibh gu solar airson nan seirbheisean gu h-àrd.
2. Tha dùil gun tòisich seirbheisean bho Dhimàirt 1 Giblean 2025.
3. Feumar do thairgse a chur a-steach tro phost-d gu tender@mgalba.com.
4. Feumaidh tagraidhean a bhith a-staigh ro **2f Diciadain 12 Màrt 2025**. Cha tèid beachdachadh air tairgsean a thig a-steach às dèidh seo.
5. Chan fheum MG ALBA gabhail ri tairgse sam bith a gheibhear.
6. Bidh sinn a' gleidheadh an roghainn an obair gu lèir a bhuileachadh air aon sholaraiiche no gus pannal de sholaraiichean a chumail.
7. Bu chòir ceistean a chur gu tender@mgalba.com

Cùl-fhiosrachadh

Thèid gu www.mgalba.com airson barrachd fiosrachaidh mun chompanaidh.

Tha MG ALBA a' fastadh còrr air 40 neach-obrach. 'S e prìomh obair MG ALBA a bhith a' coimiseanadh susbaint mheadhanan lèir-chlaistinneach bho chompanaidhean riochdachaidh mheadhanan agus a' ruith na seirbheis lèir-chlaistinneach Gàidhlig BBC ALBA ann an co-obrachadh leis a' BhBC.

Seirbheisean air an sireadh

Tha MG ALBA a' sireadh thairgsean bho dhaoine fa leth no bho chompanaidhean a tha comasach air seirbheisean eadar-theangachaidh sa Ghàidhlig.

Bidh an neach-tairgse soirbheachail:

- Earbsach, oir faodaidh cuid de phìosan obrach a bhith dìomhair;
- Comasach air obrachadh gu cinn-là teann le ùine freagairt 24 uair airson pìos obrach sam bith;
- Nan neach a libhrigeas seirbheis mhath.

Raon na h-Obrach

Bhiodh an obair a' toirt a-steach (ach gun a bhith cuibhrichte gu):

- Lèirmheas/smachd - bhiodh seo a' sgrùdadh pìosan Gàidhlig a chaidh a sgrìobhadh mu thràth gus dèanamh cinnteach gu bheil iad aig ìre foillseachaidh
- Ag eadar-theangachadh gu Gàidhlig bho Bheurla, me, fiosan naidheachd, sanasan obrach
- A bhith comasach air cuideachadh a thoirt seachad le ceistean cànanan an siud 's an seo, me, ceistean beaga gràmair
- A' cuideachadh leis an Aithisg Bhliadhnail/Cunntasan againn. Gach bhliadhna sna mìosan Cèitean-luchar gach bliadhna, bidh sinn a' cur a-mach Aithisg Bhliadhnail dà-chànanach (faic an-uiridh) - https://mgalba.com/wp-content/uploads/2024/06/13386_MG_ALBA_Annual_Report_2023_ARTWOR_K.pdf. Bhiodh an obair seo sa mhòr-chuid a' dearbhadh eadar-theangachadh in-thaigh a chaidh a sgrìobhadh mu thràth gu ìre airson fhoillseachadh ach cuideachd dh'fhaodadh cuid de earrannan eadar-theangachadh gu Gàidhlig bhon fhìor thoiseach, nam biodh sin a dhìth.
- A bhith ri làimh airson cùisean Gàidhlig, mar a tha air a mhìneachadh san tairgse seo, nuair a bhios am Manaidsear Gàidhlig air saor-làithean/dheth.

Clàr-ama

Tòisichidh a' chùmnant Dimàirt 1 Giblean 2025 agus mairidh e 1 bhliadhna le roghainn a leudachadh airson 1 bhliadhna eile.

Dreach clàr-ama

Ceann-latha airson tagraidhean	2f, Diciadain 12 Màrt 2025
Agallamh ('s dòcha)	Dimàirt 18 Màrt 2025
Co-dhùnadh air innse do thagraichean	5f, Diardaoin 20 Màrt 2025
An obair a' tòiseachadh	Dimàirt 1 Giblean 2025

Bhiadhamaid nur comain nan cuireadh sibh a-steach tairgse air na leanas:

- 1) Lèirmheas/smachd càileachd (a' toirt a-steach ceartaichean Aithisg Bhliadhnail/Cunntasan) - prìs no cairt reata airson gach 100 no 1,000 facal
- 2) Ag eadar-theangachadh gu Gàidhlig bhon Bheurla – prìse no cairt reata airson gach 100 no 1,000 facal
Tha eisimpleirean den obair seo rim faicinn an seo anns an earrann Naidheachdan air an làrach-lìn againn <https://mgalba.com/thig-comhla-ri-bbc-alba-airson-na-nollaige/>

Dh'fhaodadh an obair agad a bhith ag ath-sgrùdadh no eadar-theangachadh gu cuibheasach 4 dhiubh sin gach mìos, uaireannan nas lugha, uaireannan barrachd. Dh'fhaodadh gur e sanasan obrach/paca-iarrtas obrach agus rud sam bith eile a thig am bàrr air am biodh sibh ag obair.

- 3) A bhith comasach air cuideachadh a thoirt seachad le ceistean beaga gràmair a dh'fheumas freagairt gu luath

Faodaidh sibh tairgse a dhèanamh airson gach aon dhiubh gu h-àrd no mar aona phìos obrach. Ma tha sibh a' cur a-steach airson seo mar aona phìos obrach, feuch an cuir sibh thugainn cosgais mhìosail agus mar a bhiodh sibh a' moladh:

- a) dèanamh cinnteach ciamar a dhèanadh sibh cinnteach gum biodh cuideigin ann a dhèanadh an obair airson amannan nuair nach eil sibh fhèin ri fhaighinn agus
- b) mar a làimhsicheas sibh a' chosgais gu h-èifeachdach.

Measadh air Tagraichean

Tha slatan-tomhais co-dhùnaidh air am mìneachadh gu h-ìosal. Thèid iad sin a mheasadh le pannal measaidh. Thèid fios air ais do luchd-tagraidh neo-shoirbheachail a thoirt seachad ma thèid iarraidh.

Slatan-tomhais	Cuideam
Tuigse a tha comasach a shealltain air riatanasan agus eisimpleirean de dh'obair eadar-theangachaidh a rinneadh roimhe.	25%
Eòlas agus teisteanasan thairis air comasan iomchaidh.	25%
Prìs / luach an airgid	50%
IOMLAN	100%

Riaghladh Cùmhnant

'S e Manaidsear Gàidhlig is Cùisean Corporra MG ALBA am prìomh neach a bhios a' dèiligeadh ris a' chùmhnant seo.

Ceistean agus Tagradh

Cha bu chòir molaidhean a bhith nas fhaide na 2 dhuilleag, gun a bhith a' toirt a-steach briseadh sìos cosgais.

Faodaidh tu do mholadh a chuir a-steach anns a' chruth as freagarraiche dhut (m.e., Microsoft Word, PowerPoint msaa).

Is dòcha gun tèid cuireadh a thoirt dhuibh coinneachadh ri riochdairean MG ALBA gus beachdachadh air an tairgse agaibh, às dèidh a' cheann-latha dùnaidh.

Cuir sibh ceistean sam bith gu tender@mgalba.com.